



Prèasantan



Jamila Gavin • Rhian Nest James

Prèasantan




An teacsa Jamila Gavin
Dealbhan Rhian Nest James
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Granaidh air beinge sa ghàrradh.
Choimhead i suas dhan adhar ghorm.
Bha e a cheart cho gorm ris an adhar ann
am Pakistan.



Bha Seanair a-staigh san taigh.

Choimhead e a-mach air an uinneig.

Chunnaic e càr dearg.

“Tha Uncail Sami agus Raza air tighinn,”
thuirt e.



Ruith Ali agus Amina a-mach.
Ruith iad gu Uncail Sami.



Thàinig Uncail Sami às a' chàr.
Thàinig nighean às a' chàr cuideachd.
“Seo Raza,” thuirte Uncail Sami.
“Is ise ur co-ogha.”



“Nach tig sibh a-steach,” thuirte Seanair.

Thàinig iad uile a-steach.

Bha бага mòr aig Uncail Sami.

Bha бага mòr aig Raza cuideachd.



“Siud mìlsean agus cèicean,”
thuirt Uncail Sami.

“Agus tha prèasantan agamsa dhuibh,”
thuirt Raza.




Bha Ali agus Amina a' leumadaich sìos agus suas.

“Dè tha agad dhòmhsa?” thuirt Ali.

“Dè tha agad dhòmhsa?” thuirt Amina.

Chuir Raza a làmh dhan bhaga.



“Seo lèine dha Ali.

Seo Shalwar Kameez dha Amina
agus seo peitean dha Seanair,”
thuirt Raza.



“Càite bheil Granaidh?” thuir Raza.

“Tha prèasant agam dhi.”

“Tha Granaidh air beinge sa ghàrradh,”
arsa Seanair.



“Granaidh!” dh’èigh Ali.

“Granaidh!” dh’èigh Amina.

“Tha Uncail Sami agus Raza an seo.

Tha prèasant aca dhuibh.”



Chaidh Raza a-mach gu Granaidh.
“Sin prèasant dhuibh,” thuirt Raza.
Bha Granaidh cho toilichte.
'S e seàla ghorm a bha ann,
cho gorm ris an adhar ann am Pakistan.